

An Gàidheal Ùr

A' RIOCHDACHADH NA COIMHEARSNACHD GHÀIDHLIG

Fon 01851 706877 Facs 01851 706467

Am Faoilleach, 2007

www.an-gaidheal-ur.co.uk

Àireamh 110

Taobh a-staigh
pàipear na mìos seo:



Iasgairean a' cur an
aghaidh pàirc mara
nàiseanta

duilleag 4



Luchd-obrach a' BhBC
ag ullachadh airson
fèis na Gàidhealtachd

duilleag 10

A' COIMHEAD AIR ADHARTAS



Tha an obair togail air Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis a' dol gu math, mar a chunnaic cathraiche buidheann nam pàrant, Iain MacIllechiar, agus ceannard na sgoile, Seonaid NicLeòid

2 >>

Elton John gu bhith na phàirt de fhèis chultarail na Gàidhealtachd

Tha an seinneadair ainmeil, Elton John, gu bhith cluiche ann an Inbhir Nis am-bliadhna mar phàirt dhen iomairt gus cultar na Gàidhealtachd a chomharrachadh.

'S e seo a' chiad uair a tha e air cluiche air an tuath agus tha dùil gum bi na mìltean air an t-àladh gu raon cluiche sgioba Inbhir Nis air an 15mh là dhen Iuchar.

Ach, tha beagan mì-thoileachas air nochdadh mun chùis agus ceistean air an togail mu dè ghnòthaich a th' aig leithid de sheinneadair ri cultar na Gàidhealtachd.

Thuirte tè-labhairt às leth na fèis gum bi buannachd mhòr le toirt leithid Elton John suas dhan Ghàidhealtachd.

"Tha Fèis na Gàidhealtachd 2007 mu bhith brosnachadh a' chultair ach tha sinn cuideachd airson daoine a thàladh chun sgìre agus sealltainn gur e deagh àite a th' ann airson tadhal no fuireachd," thuirte i. "Tha sinn

cuideachd a' ruith fharpaisean còmhla ri na companaidhean adhair airson daoine a thoirt suas chun chuir."

Tha a' chuir cuideachd ga cur air dòigh gus comharrachadh gu bheil a' tòiseachadh fèis ùr bhliadhnail ann am baile Inbhir Nis.

3 >>

An Gàidheal Ùr

Tha fios gu bheil gu leòr dhaoine a tha dèidheil air Elton John agus gun tig na mìltean mòra ga choimhead ann an raoin ball-coise sgioba Inbhir Nis as t-samhradh-sa tighinn. 'S i a' cheist: Dè a' ghnòthach a th' aige sin ri cultar na Gàidhealtachd?

Tha e ceàrr agus leibideach tachartas dhen t-seòrsa seo a chur air dòigh fo bhratach a bha còir cultar is eachdraidh na sgìre a bhrosnachadh.

Bhatar an dùil gur e feallsanachd na fèise grunn thachartasan is cuirmean a chur air adhart airson cultar na Gàidhealtachd a thaisbeanadh — agus le sin tha sinn a' bruidhinn mu cheòl is cànan agus an eachdraidh shònraichte a tha gar cruthachadh mar Ghàidheil. Tha e duilich "Croc-

odile Rock" fhaicinn san t-seagh sin.

Ma tha Elton airson cuirmean a chur air adhart anns a' Ghàidhealtachd, nach fhaod e sin. Ach, tha e gu tur ceàrr a bhith ga cheangal le iomairt poblach, agus le airgead poblach, a bha còir cultar sònraichte na sgìre a chomharrachadh.

Canaidh gu leòr gum bi buannachd an lùib na cuirmean seo. Agus bithidh: do phòcaidean Elton fhèin agus do phòcaidean sgioba a' buill-coise. Ach, 's i a' cheist as cudromaiche: am bi buannachd chultarail sheasmhach na lùib? Ma bhios, chan e an seòrsa cultair Gàidhealach air a bheil sinne eòlach a th' ann.

"Seo seinn" a-rithist

Tha farpais sònraichte gus òrain ùr Ghàidhlig a bhrosnachadh air deagh thogail fhaighinn an dèidh chaidh ainmeachadh gum biodh e tachairt a-rithist am bliadhna.

Cha deach "Seo Seinn" idir a chur air dòigh an-uiridh oir b'fheudar do bhuidheann turasachd nan Eilean Siar sgur ga ullachadh air sgàth 's riaghltean ùr a bha gan ceangal leis a' bhuidheann nàiseanta VisitScotland.

Chaidh a chur air adhart sa chiad àite ann an 2004 agus bha farpais soirbheachail ann am bliadhna as dèidh sin, gum b'fheudar cùl achur ris an-uiridh air sgàth 's na riaghltean ùr a bha mu choinneimh a' bhùird turasachd.

Ach, a-nis tha e air a thighinn am bàrr gum bidh Comunn Gaidhealach Leòdhais ga chur air adhart an dèidh dhaibh aonta airson taic-airgid fhaighinn bho Iomairt nan Eilean Siar, Comhairle nan Eilean Siar is VisitScotland fhèin.

Tha an fhèis a' ruith thairis còig là, le luach £8,500 ga thoirt seachad ann an duaisean. Bidh farpaisean ann dha sean is òg, air an roinn eadar òrain tradiseanta agus a nòs ùr. San dà bhliadhna a bha a' bhùird turasachd ga ruith bhatar cuideachd ga craoladh air Radio nan Gaidheal, rud a bhios an dòchas tachairt a-rithist.

Thuirte Iain A MacIomhair, ball de chomataidh Chomunn Gaidhealach Leòdhais: "Tha sinn air leth toilichte gu bheil seo a' dol air adhart is gun d'fhuir sinn taic bho dhiofar bhuidhnean. Tha e math dha-rìribh gu bheil rud dhen seorsa seo a' tachairt anns na h-eileanan agus gu bheil diofar dhaoine bho diofar aiteachan ann an Alba a' gabhail pàirt ann."

Thèid a chur air adhart aig deireadh a' Ghiblein.

**TOG
FEAR
AN-DIUGH
AN ASGAIDH**

Iarrrtas airson barrachd àite a thoirt dhan chànan ann an cuntas-sluaigh 2011

Tha luchd strì na Gàidhlig ag iarraidh gum bi ceist mu dheidhinn a' chànan ann an cuntas-sluaigh Bhreatainn ann an 2011.

Ged a tha mòran adhartais air a thighinn sna bliadhnan a dh'fhalbh a thaobh nan cunntasan sluaigh oifigeil, chan eil seo ach a' buntainn ri Alba, a' ciallachadh nach eil lorg oifigeil sam bith air na tha de luchd-labhairt na Gàidhlig air feadh Bhreatainn.

Tha Comunn na Gàidhlig, le taic bho bhuidhnean eile, air sgrìobhadh gu Oifis Nàiseanta nan Statistigs ag iarraidh orra àite a thoirt dhan Ghàidhlig nuair a thig an ath chunntas sluaigh timcheall ann an ceithir bliadhna eile.

Tha an Oifis air aontachadh airson a' chiad uair a-riamh ceithir ceistean a chur innte mu Chuimris agus tha luchd na

Gàidhlig ag ràdh gum bu chòir dhan aon rud tachairt dhaibhsan.

Thuir ceannard ChNAG, Dòmhnall Màrtainn: "Tha e riatanach gun gabh Riaghaltas Bhreatainn an cothrom seo airson dearbhadh, cho math 's a ghabhas, àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig air feadh Bhreatainn."

"An-dràsta, ged a tha figearan againn ann an cuntas-sluaigh na h-Alba, chan eil dòigh sam bith againn air àireamhan na Gàidhlig ann am Breatainn a mheas gu mionaideach. Bidh figearan cinnteach aca airson luchd-labhairt Cuimris a tha a' fuireach taobh a-muigh na Cuimrigh agus chan eil adhbhar sam bith carson a dh'fheumas sinn a bhith an urra ri tomhasan airson na Gàidhlig."

"Bidh am fiosrachadh seo

riatanach ann a bhith cuideachadh buidhnean Riaghaltais is leasachaidh ann a bhith dealbhadh airson an àm ri teachd agus airson a bhith cuimseachadh tagraidhean airgid, a thuilleadh air a bhith cuideachadh roinnean an Riaghaltais ann a bhith a' meas an cuid dleasan an fo Chlár na Roinn Eòrpa air Mion-chànanan is Cànanan Roinneil."

Thatar dhen bheachd gu bheil suas ri 5,000 neach-labhairt na Gàidhlig a' fuireach ann an Lunnain fhèin, rud a chuireadh gu mòr ri na h-àireamhan slàn nan deigheadh an clàradh gu h-oifigeil.

Thuir Calum Iain MacLeòid, ceannard a' Chomuinn Ghàidhealaich: "As aonais fiosrachadh air àireamh luchd labhairt a tha fuireach taobh a-muigh Alba, ach ann am Breatainn, agus càite a bheil iad sin rin lorg, tha

e gu math doirbh dearbhadh de na seirbheisean a tha dhith.

"Tha sinn mothachail gu bheil àireamh mhòr de Ghàidheil a' fuireach taobh a-muigh Alba ann am Breatainn, ach gun fiosrachadh mionaideach, tha e do-dhèanta sin a dhearbhadh gu h-oifigeil, no càite a bheil iad."

"Tha e mar dhleastanas air buidhnean mar An Comunn Gàidhealach, aig a bheil buill air feadh Bhreatainn, cuideachadh a thoirt agus strì a dhèanamh, chan ann a-mhàin às leth ar buill, ach a h-uile duine aig a bheil Gàidhlig ann am Breatainn ach am faigh iad na seirbheisean air a bheil iad airidh. Ach, às aonais an fhiosrachaidh tha e gu math doirbh. Chuidicheadh fiosrachadh mionaideach a theid a chruinneachadh ann an cuntas-sluaigh 2011 gu mòr leis an seo."

Sgeama ùr gus faraidhean dhan òigridh a thoirt sìos

Chaidh sgeama ùr a chur air bhog le Riaghaltas na h-Alba gus cosgaisean siubhail dha daoine òg eadar 16 agus 18 a thoirt sìos gu mòr.

Fon aonta, gheibh iad air tìocaidean rèile a cheannach aig dhà-thrian den phrìs àbhaisteach, le lùghdachadh cuideachd air seirbheisean bhusaichean.

A thuilleadh air an seo, gheibh iadsan a tha fuireach air eileanan dà thìocaidean aiseig an-asgaidh airson siubhal gu tìr-mòr agus bidh an sgeama gu lèir fosgailte dhaibh-san a tha ag obair làn-ùine gu saor-thoileach, suas gu aois 25.

Thuir ministear còmh-dhail an Riaghaltais, Tavish Scott, gum bi an sgeama na buannachd chan ann a-mhàin don òigridh ach gam pàrantan cuideachd.

"Tha an Riaghaltas againn air cur fan comhair cothroman air bunreacht ar còmh-dhail a leasachadh do shean is òg, amas a tha sin a-nis a' coileanadh," thuir e.

"Tha an sgeama siubhail seo a' fosgladh chothroman ùra agus a' toirt barrachd saorsa do dhaoine òg a thaobh obrach, foghlaim is cur-seachad. Chan

urrainn dhan sin a bhith ach na naidheachd mhath."

"S e a' bhuidheann Còmh-dhail Alba a bhios a' ruith na sgeama agus tha dùil gun cosg i eadar £27 agus £30 millean gach bliadhna. Gheibhear bileagan tagraidh air a son bho dhiofar àiteachan no le bhith fònadh gu 0808 801 0338. Tha làrach lìn cuideachd ann aig www.give-memycard.org.

Thuir ball-pàrlamaid nan Eilean Siar, Alasdair Moireasdan: "Tha an naidheachd gum faigh daoine òg bho na h-Eileanan an Iar cothrom siubhail aig prìs shaor na mholadh don Riaghaltas, a fo stiùir a' Phàr-taidh Làbaraich, agus bidh e na thogail mhòr don òigridh."

"Le bhith toirt aon-thrian bho cosgaisean rèile is busaichean fosglaidh e an cothrom dhaibh siubhal air feadh Alba aig prìs shaor. Bheir e dhaibh barrachd cothrom air obair, foghlaim is cur-seachad. Thèid fàilte gu sònraichte a chur anns na h-eileanan air an dà thìocaidean aiseig an-asgaidh airson siubhal gu tìr-mòr."

Oifigeir corporra ùr do Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig

Chaidh Alison Lang ainmeachadh mar oifigeir corporra aig Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.

Tha Alison, a tha 34 agus a bhuneas do Dhùn Èideann, air a fastadh bho h-obair aig Pàrlamaid na h-Alba airson naoi mìosan.

Bha Alison ag obair airson oifis na h-aithisg oifigeil aig Pàrlamaid na h-Alba. Tha i cuideachd ag obair mar neach-naidheachd agus bha i gu bho chionn ghoirid a' sgrìobhadh lèirmheasan air rèidio agus telebhisean Gàidhlig airson An Albannaich.

Thuir i: "S e àm air leth brosnachail a tha seo airson na Gàidhlig agus airson craoladh, agus tha mi toilichte gu bheil an cothrom seo agam a bhith ag obair mar phàirt de sgioba Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a chum stèidheachadh an t-sianail didseataich ùir."

A' foillseachadh an taghaidh,

thuir Dòmhnall Caimbeul, àrd oifigeir Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig: "Tha mi air leth toilichte gu bheil Alison a' tighinn thugainn aig àm cho cudromach nar n-eachdraidh, agus tha mi a' toirt taing dhan Phàrlamaid airson a saoradh. Tha comasan sònraichte aig Alison agus a-bharrachd air an sin tha eòlas is tuigse aice air na meadhanan, air poilitics agus gu h-àraidh air Gàidhlig agus air saoghal na Gàidhlig. Tha sinn a' dèanamh fiughair ri bhith ag obair còmhla ri theairis air mìosan far am bi dùhlain is cothroman far comhair agus sinn ag ullachadh airson sianal ùir."

Tha Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig air a stèidheachadh a rèir an lagha, air a maoineachadh tron Riaghaltas agus air a riaghladh le Ofcom. 'S e obair GMS a bhith maoineachadh, coimiseanadh no riochdachadh phrògraman

Ghàidhlig airson telebhisean, rèidio, air-loidhne no sna meadhanan ùra, agus a bhith an sàs ann an trèanadh, leasachadh agus rannsachadh luchd-amhairc.



Alison Lang: "am air leth brosnachail" ann an craoladh

Elton John gu bhith na phàirt de fhèis chultarail na Gàidhealtachd

Thuir cathraiche Caley Thistle, Ailean Savage: "S e fìor thachartas a tha seo dhan bhaile agus dhan sgìre agus tha Caley Thistle gu meth toilichte dachaigh a thoirt do thachartas mòr mar seo anns a' Ghàidhealtachd."

"S e seo a' chiad uair a tha sinn air cuirm a chur air dòigh san raon cluiche agus tha sinn an dòchas gum faighear air an tuilleadh a chur air adhart san àm ri teachd."

"Tha Elton John ainmeil air feadh an t-saoghail mar sheinneadair agus bidh a' chuir nar

raon na tarraing mhòr, a' togail iomhaigh a' bhaile agus na Gàidhealtachd air fad.

"Tha mi gu math pròiseil gun d' fhuair sinn air leithid a dhuine cliùteach a thoirt gu tuath agus tachartas cho mìorbhaileach a chur air dòigh. Bidh an t-àite gu lèir air ghoil."

"Bu chòir tòrr airgid fhaighinn air a sgàth agus thèid sin uile gu Teàrlach Christie airson an sgioba againn a neartachadh an ath bhliadhna."



Elton John

Air chuairt tro Earra-Ghàidheal is Bhòid



Leasachaidhean fallain

Tha Riaghaltas na h-Alba air £330,000 a thoirt don Chomhairle airson òigridh a bhrosnachadh gus coiseachd no a dhol air baidhsagal dhan sgoil nas trice.

Thuir Donnchadh Mac an t-Saoir, fear-labhairt còmh-dhail is rathaidean na comhairle: "Tha Comhairle Earra-Ghàidheil is Bhòid a' cur fàilte air an naidheachd seo agus tha mi an dòchas gum bi an àireamh sgoilear a tha a' coiseachd no a' toirt leotha baidhsagal dhan

sgoil a' dol an-àirde dha rèir. "Chan e a-mhàin gun cuidich seo leis an troimh-chèile mu ghrunn chàraichean a' cruinneachadh aig geata na sgoile aig an aon àm a rèiteachadh, ach leanaidh e cuideachd gu caithe-beatha nas fallaine a chruthachadh dha gach cuid clann is parantan agus gearraidh e sìos air cleachdadh chàraichean."

Tha a' chomhairle a' beachdachadh air goireasan ùra a thogail sna sgoiltean airson fas-

gadh a thoirt do bhaidhsagalan. Thèid rannsachadh a dhèanamh air Muile is Ìle airson slighean coiseachd a stèidheachadh agus thatar a' beachdachadh air 10 baidhsagalan ùra a cheannachd do Ostal an Obain, ach am faigh na h-eileanaich air an cleachdadh nuair a tha iad a' fuireach ann tron t-seachdain.

Thatar an dòchas gum bi na leasachaidhean deiseil sa Mhàrt.

Beachd air busaichean

Tha Comhairle Earra-Ghàidheil is Bhòid ag iarraidh air daoine innse dhaibh dè am beachd a th' aca air na seirbheisean busaichean a tha iad a' maoineachadh.

Thuir Donnchadh Mac an t-Saoir, fear-labhairt còmh-dhail is rathaidean na comhairle: "Tron Fhaoilleach tha sinn a' sgaoileadh 5,000 bileag air busaichean thairis Earra-

Ghàidheal is Bhòid airson beachdan fhaighinn bho dhaoine a tha a' cleachdadh nan seirbheisean gu cunbhalach.

"Thèid na ceisteachain a thoirt seachad leis an dràibhear agus faodaidh daoine an cur air ais thuige-san no an cur air ais chun Chomhairle, a' cleachdadh cèis-an-asgaidh ro 31 Faoilleach."

Tha iad ag ràdh nach toir an ceisteachan ach beagan mhionaidan ga lìonadh agus chan eil ainm idir a' dol ris.

Thèid na freagairtean a chleachdadh airson a' chomhairle a chuideachadh ann a bhith dealbh leasachaidhean don sheirbheis agus thèid na toraidhean a chlà-bhualadh air an làrach-lìn aca.

Dèanamte snàmh

Tha sgeama ga chur air dòigh ann an Earra-Ghàidheal gus daoine a bhrosnachadh ann a bhith dèanamh barrachd snàmh. Tha "SwimGym" ga leudachadh air feadh Alba mar phàirt de dh'oidhirpean gu

sluagh na dùthcha a dhèanamh nas fallaine.

Thuir an comhairliche Robin Banks: "Tha mòran dhaoine a' dèanamh geallaidhean aig a' Bhliadhn' Ùr fàs nas fallaine agus 's e 'SwimGym' fìor dhòigh air sin a dhèanamh. 'S

e dòigh ùr spòrsail a th' ann do bheatha nas fallaine."

Thèid prògram sònraichte a dhealbhadh gach duine a rèir an comasan fhèin agus gheibhear cùrsa airson nas lugha na £16.

Barrachd mì-thoileachais ag èirigh mu mholadh airson pàirc mara nàiseanta

Tha barrachd is barrachd aimhreit a' nochdadh mu choinneimh moladh Riaghaltas na h-Alba gus pàirc mhara nàiseanta a stèidheachadh air Ghàidhealtachd.

Tha Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Comhairle nan Eilean Siar is Bunait Chroitearachd na h-Alba mar-tha air an guth a thogail an aghaidh a' phlana, a thathas an dùil a thèid a stèidheachadh ann an àiteigin eadar Earra-Ghàidheal is an iar-thuath.

A-nis, tha buidhnean nan iasgairean Gàidhealach air a ràdh gu bheil iadsan cuideachd gu math mì-thoilichte leis a' chùis agus nach bu chòir an rud a dhol air adhart idir. Aig a' cheann thall 's ann aig na ministèran ann an Riaghaltas na h-Alba a bhios an co-dhùnadh.

Sgrìobh Comann Iasgairean Chluaidh, Comann Iasgairean Mhalaig is an iar-thuath is Comann Iasgairean nan Eilean Siar chun an Riaghaltas ag ràdh gun toir a' phàirc nàiseanta droch bhuaidh air a' ghnìomhachas aca.

Thuir Iain Hermse, rùnaire comann iasgairean Mhalaig: "Seach gu bheil dachaighean ar buill ri lorg fada is farsaing air feadh a' chosta an iar, tha am freagairt a tha sinne toirt seachad na dheagh shamhla air beachd farsaing na coimhearsnachd."

Tha na h-iasgairean ag ràdh nach eil dearbhadh sam bith gun tig na buannachdan a tha an Riaghaltas a' cumail a-mach a thig agus tha e ceàrr dhaibh a bhith feuchainn ri dleastanasan nam buidhnean poblach ionadail a thoirt do dh'ùghdarras ùr na pàirc nàiseanta.

Ach a rèir Mgr Hermse 's e an rud as motha a tha ceàrr air a' mholadh nach eilear ga dhealbh ann an dòigh buannachdail do àrainneachd na mara agus do na daoine tha an urra ris.

"Thathas a' dèanamh mòran mu cho soirbheachail 's a tha na pàirc nàiseanta eile, ach tha iad sin stèidhichte ann am fàsach gun ach a bheag a ghnìomhachd eaconamach a' dol air adhart," thuir e. "Chan ann mar sin a tha e air a' chosta an iar."

"Tha an sgìre na goireas cudromach eaconamach agus chuireadh ùghdarras na pàirc nàiseanta sgur air mòran dhe na tachairt gu h-ecanomach andrasta."

"Tha sinn cuideachd draghail gum biodh cumhachdan aig an ùghdarras a bhiodh dol thairis air na ministèran Albannach. Feumaidh na ministèran a bhith cunntachail don Phàrlamaid agus do na daoine. Cha bhiodh ùghdarras na pàirc nàiseanta cunntachail do dhuine. Feumaidh uallach airson poileasaidhean dìon na h-àrainneachd fuireachd ann an làmhnan



Bhiodh droch bhuaidh aig a' phàirc mara air eaconamaigh na Gàidhealtachd, a rèir iasgairean

nam ministèran.

"Chaidh innse dhuinn gum biodh ùghdarras na pàirc ag obair gu dlùth còmhla ri na buidhnean ùr iasgaich a thatar a' stèidheachadh an-dràsta, ach tha e follaiseach ged a bhios iadsan a' cumail rian air an iasgach, gun urrainn do ùghdarras na pàirc cur às dheth buileach glan agus cha bhi aca ri dèiligeadh leis a' bhuaidh shòisealta is eaconamach a thigeadh na dhèidh."



Oisean na Pàrlamaid

Pàipearan an Aonaidh gan taisbeanadh

Bidh na pàipearan oifigeil a chaidh a dhealbh gus Alba is Sasainn a cheangal ri chèile 300 bliadhna air ais ri fhaicinn ann an taisbeanadh sònraichte aig Pàrlamaid na h-Alba nas fhaide air a' bhliadhna.

Tha na pàipearan gam foillseachadh mar phàirt dhen iomairt gus comharrachadh gu bheil 300 bliadhna air a dhol seachad bha chaidh an t-aonadh eadar an dà dhùthaich a chruthachadh.

'S e seo a' chiad uair a gheibh an sluagh air sùil a thoirt air na pàipearan oifigeil bho chuir uaislean na h-Alba an ainm ris an aonta.

Bidh an taisbeanadh

cuideachd a' toirt sùil air eachdraidh na cùise agus na thachair airson adhbhrachadh gun deach leithid a dh'aonta a dhèanamh. Bidh cuideachd pròiseact air a chur air dòigh dha na sgoiltean.

Thuir oifigeir riaghlaidh na pàrlamaid, Seòras Reid: "Mar phrìomh thachartas ann an eachdraidh na h-Alba, tha Pàrlamaid na h-Alba, còmhla ri buidhnean Albannach is Breatannach eile, a' comharrachadh Achd an Aonaidh 1707, mar an rud a chruthaich Breatainn mar a dh'aithnicheas sinn an-duigh i."

"S e na th'againn san amharc a bhith toirt a' chothroim dha daoine ann an Alba

ionnsachadh mun eachdraidh aca agus mun phàrlamaid san là a th'ann agus mu na h-atharrachaidhean a tha fèin-riaghlaidh air a thoirt do dh'Alba mar dhùthaich anns an Aonadh."

Luach ar seann dhaoine

Chan eil idir duilgheadas ann an Alba a thaobh aois, a rèir aithisg oifigeil a chaidh ullachadh dhan phàrlamaid.

Bhatar dhen bheachd gun robh barrachd 's barrachd seann dhaoine anns an dùthaich an taca ri daoine òg, ach faodar duilgheadas sam bith a sheachnadh ma thèid gnòthaichean a chur air dòigh an-dràsta.

Chaidh an sgrùdadh a dhèanamh fo stiùir Morair Chataibh gus an t-slighe air adhart a dhealbh airson cùram a thoirt seachad do sheann dhaoine.

Tha an aithisg ag ràdh gum bi neach a-mach a' dithis ann an Alba os cionn 50 bliadhna dh'aois ann an deich bliadhna eile. Tha e ag iarraidh air an riaghaltas, air luchd-ghnìomhachais agus air saoranaich obrachadh sa bhad gus cur ri ìre nan seann dhaoine a tha an ceann cosnadh agus tha e ag ràdh nach ann air ginealach nan

seann dhaoine a tha ann an-dràsta fhèin a-mhàin air a bheil e ag amas.

Tha an aithisg cuideachd a' cur teagamh sa bheachd chumanta gum bi daoine nas sine nan uallach don eaconomaidh agus a' sìoladh bho seirbheisean slàinte agus bho seirbheisean poblach eile.

A' bruidhinn anns an aithisg, thuir Morair Chataibh: "Chan eil e fìor gu bheil duilgheadas mu aois a' tighinn air Alba. Ged a tha e fìor gu bheil sluagh na h-Alba, mar a tha sa chòrr den t-saoghal, a' fàs nas aosta, chan e eiginn a tha sin."

"Is iad daoine nas aosta an luchd-caitheimh as cumhachdaiche a tha ann an-dràsta agus cha bhi luchd-obrach againn san t-saoghal a tha air thoiseach ach le bhith a' tarraing barrachd luchd-obrach nas sine a-steach dha na h-obraichean a tha ann an-dràsta."

An d' fhuair sibh Cothrom?



An ràitheachan do luchd-ionnsachaidh is luchd-taice na Gàidhlig
Gheibhear e le ballrachd ann an Clì Gàidhlig

www.cli.org.uk; cli@cli.org.uk; 01463 226710

Sabhal Mòr Ostaig - Cothroman Cosnadh

NEACH-RIANACHD
Sgioba Foghlam Fad Beatha

Tha sinn a' lorg neach-rianachd a bhios ag obair mar phàirt den sgioba Foghlam Fad Beatha. Bidh na prìomh dhleastanasan agaibh ceangailte ri cùrsaichean air-loidhne is cùrsaichean airgid.

A bharrachd air deagh sgilean coimpiutaireachd agus rianachd is fileantachd sa Ghàidhlig, feumaidh deagh sgilean eadar-phearsanta a bhith aig tagraichean. Cuideachd, feumaidh sibh a bhith deònach obair a dhèanamh air an fheasgar agus aig deireadh na seachdain bho àm gu àm.

Ma tha Gàidhlig agaibh ged nach eil sibh ga cleachdadh bho latha gu latha, cuiridh sinn fàilte air iarrtas bhuaihb.

Fònaibh **01471 888450** no cuiribh post-dealain gu **sm00li@uhi.ac.uk** airson dealbh-obrach agus foirm-iarrtais fhaighinn.

Latha mu dheireadh airson iarrtasan: **31.01.07**
Tuarastal: £12,846-£14,987, a rèir sgilean is eòlais.

Tha sgeama peinnsein na Colaiste fosgailte do neach a gheibh an dreuchd seo ma thogras e/i.

Tha Co-ionannachd Cothroman aig cridhe Sabhal Mòr Ostaig agus cuirear fàilte air iarrtasan bho gach roinn den choimhearsnachd.



Colaiste Ghàidhlig na h-Alba

FO-CHEANNARD
Sgioba Foghlam Fad Beatha

Tha sinn a' sireadh Fo-cheannard sgioba Foghlam Fad Beatha. Bidh na prìomh dhleastanasan agaibh ceangailte ri taic a thoirt bho latha gu latha do Cheannard Foghlam Fad Beatha, luchd-obrach a stiùireadh, agus cùrsaichean is pròiseactan a leasachadh.

A bharrachd air fileantachd sa Ghàidhlig, deagh sgilean eadar-phearsanta agus coimpiutaireachd, feumaidh ceum agus deagh eòlais air obair ann am Foghlam aig Ard-ìre no Ard-ìre Adhartach, a' toirt a-steach deagh-ghnè agus sgilean eagrachaidh, a bhith agaibh.

Ma tha Gàidhlig agaibh ged nach eil sibh ga cleachdadh bho latha gu latha, cuiridh sinn fàilte air iarrtas bhuaihb.

Fònaibh **01471 888301** no cuiribh post-dealain do **sm00na@uhi.ac.uk** airson dealbh-obrach agus foirm-iarrtais fhaighinn.

Latha mu dheireadh airson iarrtasan: **31.01.07**
Tuarastal: £21,445-£26,557, a rèir sgilean is eòlais.

Slèite • An t-Eilean Sgitheanach IV44 8RQ • Alba
Fòn: +44 (0) 1471 888000 Facs: +44 (0) 1471 888001 Post-d: sm.oifis@uhi.ac.uk

www.smo.uhi.ac.uk

An Gàidheal Òg

MIANN AN AIRGID - CRUINN-EO-LAS.

Tha seo rudeigin coltach ris a' gheama air telebhisean far am bi daoine a' feuchainn ri moran airgead a bhuannach le bhith freagairt cheistean. Tha eagal orm nach eil ach airgead ma's fhior an cois seo. Faodaidh tu comharraidhean a thoirt dhut fhèin aig an aon luach, ge-ta.

Feuch dè mar a gheibh thu air adhart. Faodaidh tu cuideachadh fhaighinn mar a leanas;

Faighnich do charaid
Faighnich don teaghlach/chlas.
Sùil air na leabhraichean.

Chan fhaod thu gach fear a chleachdadh ach aon turas.

Ma dh'fhainnicheas ort buileach, tha na freagairtean aig bonn na duilleig.

1 Airson 100

Dè an cuan as motha tha air an t-saoghal?

- | | |
|---|-----------------------|
| A | a) An Cuan Innseanach |
| B | b) An Cuan Sgìth |
| C | c) An Cuan Sìtheil |
| D | d) An Cuan Siar |

2 Airson 200

Dè a' bheinn as airde tha air an t-saoghal?

- | | |
|---|------------------|
| A | a) Beinn Nibheis |
| B | b) Snowdon |
| C | c) Beinn Everest |
| D | d) Mont Blanc |

3. Airson 300

Dè an t-eilean as motha tha air an t-saoghal

- | | |
|---|-------------|
| A | a)Greenland |
| B | b)Eirinn |
| C | c)Breatann |
| D | d)Corsica |

4 Airson 500

Dè am bàgh as motha tha air an t-saoghal?

- | | |
|---|-----------------------------|
| A | a)Bàgh Guantanamo |
| B | b)Bàgh a' Chaisteil |
| C | c)Bàgh Hudson, an Canada |
| D | d)Bàgh Botanaidh, Astràilia |

5 Airson 1000

Dè an abhainn as fhaide tha ann am Breatainn?

- | | |
|---|-----------|
| A | a)Cluaidh |
| B | b) Thames |
| C | c) Severn |
| D | d) Tatha |

6 Airson 2000

Dè an t-eas as airde tha air an t-saoghal?

- | | |
|---|-----------------------------|
| A | a) Eas Niagara |
| B | b) Eas Victoria |
| C | c) Eas a' Chul Alainn, Alba |
| D | d) Angel Falls, Venezuela |

7 Airson 4000

Dè am planaid as fuaire tha ann?

- | | |
|---|-----------|
| A | a)Mercury |
| B | b) Venus |
| C | c) Pluto |
| D | d) Uranus |

8 Airson 8000

Dè am planaid as luaithe tha a' dol timcheall na grèine?

- | | |
|---|-----------|
| A | a)Venus |
| B | b)Mars |
| C | c)Mercury |
| D | d)Jupiter |

9 Airson 16000

Dè an reult as fhaide air falbh a chl thu as aonais prosbaig?

- | | |
|---|------------------|
| A | a)Alpha Centauri |
| B | b)Andromeda |
| C | c)Ursa Major |
| D | d)Canis Major |

10 Airson 32000

Dè an loch as motha tha air an t-saoghal?

- | | |
|---|------------------|
| A | a) Lake Ontario |
| B | b) Loch Laomainn |
| C | c) Loch Nis |
| D | d) Lake Superior |

11 Airson 64000

Dè am fàsach as motha tha air an t-saoghal?

- | | |
|---|-------------|
| A | a) Kalahari |
| B | b) Sahara |
| C | c) Gobi |
| D | d) Sinai |

12 Airson 125000

Dè an cuan anns a bheil Marianas Trench, an àite as doimhne tha air an t-saoghal?

- | | |
|---|----------------------|
| A | a) An Cuan Sìtheil |
| B | b)An Cuan Innseanach |
| C | c)An Cuan Artaig |
| D | d)An Cuan Siar |

13 Airson 250000

Càit a bheil a' bholcano as fhaide tuath air an t-saoghal?

- | | |
|---|--------------|
| A | a)Innis Tìle |
| B | b) Greenland |
| C | c) Fionnlann |
| D | d) Niribhidh |

14 Airson 500,000

Dè a' bheinn an Alba as fhaise ann an àirde ri beinn Nibheis?

- | | |
|---|------------------------|
| A | a) An Càrn Gorm |
| B | b) Sidh Chailleann |
| C | c) Beinn Mac Dubhaidh |
| D | d) Buachaille Eite Mòr |

15 Airson 1,000,000

Dè an loch mara as fhaide tha ann am Breatainn?

- | | |
|---|----------------|
| A | a)Loch Linnidh |
| B | b)Loch Fhine |
| C | c)Loch Aillse. |
| D | d) Loch Braoin |

FREAGAIRTEAN 1c,2c,3a,4c,5c,6d,7c,8c,9b,10d,11b,12a,13b,14c,15b

£6 millean ga chosg air leasachadh port-adhair Inbhir Nis

Thèid suas ri £6 millean not a chosg air obair leasachaidh a chur air adhart aig port adhair Inbhir Nis.

Tha an t-airgead ga thoirt seachad le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus e a' tighinn dìreach an dèidh £1 millean a bhith air a chosg mar-thà gus talamh àiteachais a ghabhail thairis gus am port-adhair a leudachadh.

A rèir HIE thèid an t-airgead a chleachdadh gus gnìomhachasan ùra a stèidheachadh timcheall na làraich, gu sònraichte companaidhean a bhios a' dèiligeadh ri teicneòlas.

Thèid an t-airgead cuideachd a chleachdadh gus goireasan a leasachadh airson coinneachadh ris an àrdachadh a tha an dùil a thighinn ann an àireamhan luchd-siubhail. Thèid stèisean rèile cuideachd a stèidheachadh, rud nach eil idir ann an-dràsta.

Tha 30 diofar companaidh stèidhichte aig a' phort-adhair, a' cumail obair ri 700 neach, luach £120 millean don eaconamaidh ionadail gach bliadhna. Tha grunn dhe na companaidhean air a ràdh gu biodh iad airson leudachadh nam biodh an cothrom aca.

Ged a bhios airgead HIE a' cur gu mòr ri leudachadh a' phuirt-adhair tha mòran faireachdainn mun chuairt gu bheil iad a' caitheamh cus airgid timcheall Inbhir Nis, baile a tha sior dol am meud agus aig a bheil eaconamaidh làidir mar-thà, an taca ri àiteachan mar na h-eileanan agus Earra-Ghàidheal.

Ach thuirt àrd-oifigear HIE, Sandy Cumming, gun robh e cothromach gu leòr an t-airgead a chleachdadh san dòigh seo agus nach eil iad idir a' dèanamh dìmeas air sgìrean eile.

"Tha e mar phoileasaidh riatanach aig HIE gum bi sinn a' toirt maoinneachadh seachad airson coinneachadh ri na feumalachdan ann an diofar



Tha an àireamh dhaoine a tha a' cleachdadh a' phuirt-adhair a' sìor dol am meud

àiteachan," thuirt e.

"Tha sinn a' tomhais nam feumalachdan a rèir àireamhan sluaigh agus na tha dhith air sgìrean ionadail nam buidhnean iomairt. Mar eisimpleir, chan eil ach 6.5% de shluagh na Gàidhealtachd sna h-Eileanan an Iar, ach tha iad a' faighinn 12.9% de ar n-airgead.

"Tha 16.1% den t-sluagh ann an Earra-Ghàidheal is na h-Eileanan agus tha iad a' faighinn

21.4% dhen airgead. Tha 30.7% den t-sluagh ann an Inbhir Nis is taobh an ear na Gàidhealtachd agus tha iad a' faighinn 20.4% den airgead.

"Tha mar a tha sinn a' roinn ar cuid airgid cuideachd a' gabhail a-staigh nan cothroman a th' ann agus tha sinn a' làimh-seachadh nam pròiseactan agus nan iomairtean ann an dòigh ro-innleachdail ach am bi buaidh aca san ùine fhada."

CROFTERS COMMISSION
UGHDARRAS NAN CROITEARAN
50 BLIADHNA A' TOIRT TAIC DO CHROITEARACHD



Lùb a' Chaisteil, Inbhirnis IV2 3EQ
Fòn: (01463) 663450 Facs: (01463) 711820
Post-d: info@crofterscommission.org.uk
Lìon: www.crofterscommission.org.uk

A bheil siubhse airson sanas a thoirt a-mach a bhiodh gu ùidh a' choimhearsnachd Ghàidhlig ann an Alba?

Ma tha cur fios gu Marina NicLeòid aig An Gàidheal Ùr air 01851703487

No air post-dealan aig sanas@agu.org.uk.

Faodadh siubh cuideachd tadhal air an làrach-lìn againn: www.an-gaidheal-ur.co.uk

an Lanntair



TAISBEANAIDHEAN
Suathadh Dìleab: Calum Aonghas MacAoidh & Sandra Cheanadach bho 29 Faoilleach
Dealbhan camara le Kim Park : Dealbhan camara cruthachail sa bhàr tron Fhaoilleach.

TACHARTASAN BEÒ
Cuairt Burnsong Song House
Diardaoin 25 Faoilleach, £10/£9/£8. Consairt a' toirt beairteas de thàlant Albannach ri chèile bho saoghail jazz, pop, rock, dùthcha & a' chiùil thraidiseanta.

XTREME
Disathairne 10 Gearran, £3, Còmhlán Roc Ionadail

Honcho Showcase
Disathairne 17 Gearran, £5, Our Lunar Activities, Endor, & Her Voice Resides

Bellows and Bows le Phil & Aly
Disathairne 24 Gearran, £15. Fèis ùr bogsa & fìdhle bho Aly Bain & Phil Cunningham, le luchd-ciùil Suaineach is Cajun.

FOGHLAM
Bùth-obrach chleasachd A h-uile Diardaoin 7-9.30f

TAIGH-DHEALBH

Diardaoin 18: Mairie Antoinette	6.00
The Grudge 2	8.45
Dihaoine 19: Mairie Antoinette	6.00
The Grudge 2	8.45
Disathairne 20: The Wizard of Oz	2.30
The Prestige	6.00 & 8.45
Dihaoine 26: Happy Feet	6.00
Casino Royale	8.15
Disathairne 27: Happy Feet	2.00
Casino Royale	5.15 & 8.15
Dimàirt 30: Lewis Film Society	8.00



Happy Feet



The Burnsong House



The Grudge 2

01851 703 307 www.lanntair.com
An Lanntair, Sràid Coinnich, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais








Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach 2007

- Bheil sibh a' cleachdadh Gàidhlig san àite obrach agaibh?
- Bheil sibh airson obair Samhraidh thoir dha oileanach Gàidhlig am bliadhna?
- Ma tha, robh fios agaibh gu faigh sibh taic le na cosgaisean airson 10 seachdainean!

Tuilleadh fiosrachaidh mun Sgeama Greis Gnìomhachais 2007 air www.cna.org.uk no fònaibh gu (01851) 701802

Beachd

Ag aithneachadh na luach ann an cumhachd na gaoithe



Le Aonghas Pàdraig Caimbeul

nuair a thig e chun nan gnòthaichean seo, seach sinne?

Cheana, anns na deich bliadhna fichead a chaidh seachad, tha Sealtainn air an dearg fhòrtan a dhèanamh à obair na h-ola agus tha deagh choltas a-rithist fhad 's tha sinne a' deasbad 's ag argamaideachadh ri chèile, gu bheil iadsan a-rithist a' dol air adhart ri leasachadh a nì fortan (beag no mòr) eile dhaibh.

Chan e gun robh iadsan dìreach fortanach gun robh ola air an starsnachd aca: bha, gun teagamh sam bith, ach bha iad cuideachd air leth glic agus air leth làirsinneach timcheall 1970, nuair a thug iad air na companaidhean mòra ola an ainmean a chur ri cùmhnantan laghail a thug còraichean mòra dha na Sealtainnich air cuibhreann math dhen phrothaid a bha dol a thighinn às an ola.

An rud nach d' fhuair Alba mar dhùthaich, fhuair Sealtainn mar eilean.

Tha beagan dhen aon phrionnsabal a' dol a-nis a-rithist a thaobh cumhachd na gaoithe, ged a tha eadar-dhealachadh beag ann an siud 's an seo cuideachd.

Tha aon mhathas mhòr aig na Sealtainnich an-dràsta nach eil aig na h-eileanan Gàidhealach: tha an RSPB air an taobh, air neo co-dhiù chan eil iad nan aghaidh! Ged a tha an leasachadh-gaoithe seo ann an Sealtainn a cheart cho mòr ri leasachadh chonnsaiceach mòrteach Bharbhais, tha seo aig na Sealtainnich: nach eil an RSPB a' cur an aghaidh rud Shealtainn mar a tha iad a' cur gu dubh an aghaidh nan leasachaidhean an seo againne.

Carson?

Uill, tha iad ag ràdh gur e dà shuidheachadh tur eadar-dhealaichte a th' anna — 's e an seasamh aig an RSPB (agus aig Dualchas Nàdair na h-Alba) nach e SPA (Special Protection Area) a tha anna a' mhòintich ann an Sealtainn, agus gur e ann an Leòdhas.

Bu chòir sin fhèin ar dùsgadh gu na cunnartan a tha an cois nan ainmean-oifigeil sin, agus bu chòir ga ar cur air ar faicill mun ainm-oifigeil a thaobh dìon a tha iad a' sireadh an-dràsta airson na mara timcheall nan eileanan againn.

Ach tha rud eile cudromach



Air a chur gu sìmplidh, tha feum againn uile air gach cumhachd ath-nuadhachail a thig ar taobh, eadar gaoth is grian, bho stuaghan na mara gu hydro is hydrogen is eile.



cuideachd, agus sin mar a tha (a rèir nan cunntasan-beachd a chunnaic mise co-dhiù) slugh Shealtainn, anns a' chumantas, nas bàidheil a thaobh nan leasachaidhean mòra seo air an starsnachd fhèin na tha sinne.

diofraichean mòra eadar na h-eileanan mu thuath agus na h-eileanan mun iar.

Tha mi glè mhothachail cuideachd nach eil rudan daonna cho sìmplidh agus cho aon-fhillte agus a tha iad a' coimhead, agus gu bheil argamaidean air gach taobh a tha reusanta agus turail gu leòr.

Tha fhios gun tug sibh an aire gun do dh' aontaich eilean beag far oirthir Alba a dhol air adhart an t-seachdain-sa chaidh le planaichean son an tuathanas-gaoithe coimhearsnachd as motha san t-saoghal a chur air adhart.

Bidh 200 muileann-gaoithe mòr san leasachadh seo, a chosgas £600 millean agus a sgaoileas tarsainn 90 cileameatair cearnagach de mhòinteach, agus tha dùil gum faigh coimhearsnachdan an eilein mu £25 millean gach bliadhna dhaibh fhèin às.

Mus tachair an leasachadh ann an da-rìribh feumaidh dà rud tachairt fhathast: feumaidh an dà chompanaidh a tha an sàs anns na planaichean, Scottish and Southern Energy agus Viking Energy, cead-dealbhachaidh fhaighinn, agus tha an leasachadh fhathast cuideachd a' crochadh air an tèid (no nach tèid) càball fon mhuir a chur an sàs a cheanglas an t-eilean ri tìr mòr na h-Alba.

Mar a bhios fhios agaibh glè mhath, tha mi a' bruidhinn air Sealtainn.

Ciamar agus carson a tha an t-eilean beag seo — nach eil sion nas motha na Leòdhas is na Hearadh, air neo nan t-Eilean Sgitheanach — cho fad air adhart

Mar eisimpleir chaidh cunntas-beachd a thogail aig deireadh 2006 a sheall gun robh fios aig 89% dhen t-slugh ann an Sealtainn mu na planaichean airson an tuathanais mhòir gaoithe, agus gun robh 76% de shlugh an eilein air a shon.

A rèir a' chunntais sin cha robh ach dìreach 6% dhe na Sealtainnich an aghaidh an leasachaidh: agus tha e inntinneach leughadh nan trì adhbharan a dh' fhàg an cuibhreann beag sin na aghaidh: 1) gum milleadh e seallaidhean; 2) gun dèanadh e cron air eòin is ainmhidhean agus 3) gun robh fada cus de chruinn (200) gu bhith ann!

Eil duine ag aithneachadh sin?

Tha fhios a' m' gu bheil e furasta gu leòr coimeas a dhèanamh eadar dà shuidheachadh a dh' fhaodadh a bhith diofraichte, agus tha mi glè mhothachail air na

Tha mi — mar a tha sinn uile, tha fhios — gu h-àraidh mothachail air a' chruaidh fheum a th' againn uile an talamh beag tròcaireach air a bheil sinn uile beò a dhion bhon sgrìos a tha sinn uile a' dèanamh air, agus chan eil teagamh aig duin' againn (tha mi 'n dòchas) nach eil pàirt mhòr chudromach aig cumhachd ath-nuadhachail ri ghabhail anns an dìon riatanach sin.

Air a chur gu sìmplidh, tha feum againn uile air gach cumhachd ath-nuadhachail a thig ar taobh, eadar gaoth is grian, bho stuaghan na mara gu hydro is hydrogen is eile.

Tha fhios a' m' gu bheil an deagh sheanfhaicail Gàidhlig ag ràdh "S e farmad a nì treabhadh". Nach biodh e a cheart cho math an treabhadh a dhèanamh an-dràsta, còmhla riutha, seach a bhith coimhead gu tuath beagan bhliadhnan air adhart ri farmad.

No ri toileachas na sìthe, a rèir chuid.

Uile còmhla: aisling no amas?



O thìr nan Craobh
Le Seonaidh Allig Mac a' Phearsain

air neach a thill dhachaigh an dèidh a bhith bliadhnaichean air falbh.

Ged a rinn Ignatieff òraid sgariteil, 's e Stéphane Dion a Quebec a bhuan-naich, an dèidh do chuid de na farpaisich eile an taic a chur ris anns an dara agus an treas cuairt den taghadh. Ag èisteachd ri Ignatieff bha mo smuaintean a' siabhad eadar Canada is Alba. Bha e brosnachadh gum biodh an Riaghaltas agus an slugh gu lèir air an aon ràmh a' dèanamh cinnteach gu bheil cothram na còrach aig a h-uile neach < eilthirich, túsanaich, mion-chultaran, bochdan, boireannaich, muinntir nam bailtean mòra, agus daoine air an dùthaich 's air an iomall. "Tous ensemble" na briathran a chleachd e uair is uair. Uile còmhla. Aisling caillich mar a d'ùrachd, 's dòcha. Nach biodh e math nam b' ann mar sin a bhiodh cùisean, seach sgeigeirean a bhith daonna a' bideadh 's a' bigeireachd 's a' tilgeil aithlisean.

Ach tha eagal orm gu bheil na briathran aig Canadianach ainmeil eile, Marshall McLuhan, cho fìor mu sgìrean ionadail 's a tha iad mu dhùthchannan mòra. "Faodaidh beachd cron a dhèanamh nuair a ghabhas i àite tuigse agus ciall", thuir e. Cha bhiodh e iomchaidh a bhith mùchadh bheachdan, ach fhad 's a tha baraillean staoin agus faoin a' cumail cagnadh ri na meadhanan agus a' fàgail gliocas air chùl-fraoin chan eil adhartas faisg no furasta. Cha robh Dion fada san dreuchd an uair a fhuair e coire dha gu bheil saoranachd na Frainge aige a bharrachd air saoranachd Chanada. Chaidh am facal 'fear-brathaidh' a chleachdadh. Fhuair Dion saoranachd na Frainge tro

mhàthair nuair a rugadh e ach tha e air a bheatha chur seachad ann an Canada. Tha e measg an luchd-poileataigs as ciallaiche agus as dealasaiche.

Agus tha milleanean ann an Canada aig a bheil saoranachd à dà dhùthaich, mi fhèin air fear dhiubh. Cha chùim sin na sgeilmearan nan tosd. Nam biodh an eanchainn cho sùbailte rin teanga bhiodh e na b' fhasa bhith uile còmhla airson feum is math a' mhòr-shluaigh. Chan eil daoine clabach a bhios a' sgrìobhadh chollb a' cuideachadh na cuise, tha eagal orm.

EISIMPLEIR bheag eile air mialaich. O chionn ghoirid dh'ainmich prìomhaire Nova Scotia gu bheil an riaghaltas a' stèidheachadh oifis ùr airson cùisean Gàidhlig, le ionmhas dà chiad mìle dolair aig toiseach tòiseachaidh ach a' fàs gu leth mhillean dolair thairis air ceithir bliadhna. Ged a chaidh fàilte a chur air an naidheachd cha robh a h-uile duine riaraichte. 'S ann an Antigonish air mòrthìr Nova Scotia a bhios an oifis ach tha cuid den bharail gur ann an Ceap Breatann a tha cridhe na Gàidhlig agus gur ann an sin a bu chòir an oifis ùr a bhith. Uile còmhla an tuirt thu? Cha robh riamh air atharrachadh. Nam biodh na Gàidheil, thall no bhos, air a bhith "uile còmhla" cha bhiodh a' Ghàidhlig anns an staing anns a bheil i. Ann an Albainn Nuadh 's e tha cudromach gu bheil an riaghaltas a' cur taic, beag 's gu bheil e, ri Gàidhlig; chan e càite bheil an oifis no an obair no dhà a bhios na cois.

CHAN EIL pàipear a dh'fhosgla mi

anns nach eil iomradh air blàthachadh na cruinne, cuspair eile air nach eil sinn uile còmhla. Tha cù aig Stéphane Dion air a bheil Kyoto. Faodaidh gun toir sin dòchas dhuinn an Canada. Tha an sgrìudadh mu dheireadh mun do leugh mi ag ràdh gur e bramannan na bà as cunnartaiche dhan àrainneachd na toit is salchar à fùirneisean guail is ola; gur e methane as miosa na carbon. Chan fhada agus an nochd aithisg o eòlaichean a' moladh gu feumar daoine a chur an grèim ma nì iad brùchd no braidhm, ma

tha an àrainneachd gu bhith tèarainte. Seo far an cuala sibh e an toiseach.

Tha rannsachadh ùr eile a' sealltainn gur e muinntir Nova Scotia na daoine as tùrsaiche ann an Canada, a chionn 's gu bheil iad a' cur seachad cus ùine a' cuimhneachadh air na lathaichean a dh'fhalbh. Feumaidh mi sgrùdadh 's na deòir a thiomachadh.

Litrichean gu:

**Taigh à Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD**

**Fòn: 01851 703487
Facs: 01851 706467
sanas@agu.org.uk**



Sreath de phrògraman gus fèis chultarail na Gàidhealtachd a chomharrachadh

'S e Gàidhealtachd 2007 iomairt a tha a' ruith fad na bliadhna far am bithear a' comharrachadh cultar na Gàidhealtachd ann an Alba air fad. Bidh mòran de na rudan cultarail a bhios a' tachairt ann an Alba tron bhliadhna seo, leithid Fèis Film nan Ceilteach agus am Mòd, a' gabhail àite air Ghàidhealtachd, agus bidh fèisean is tachartasan eile aig ìre nàiseanta is ionadail a' gabhail àite fo bhratach na h-iomairt seo.

Tha BBC Alba cuideachd a' dèanamh mòran gus a' bhliadhna shònraichte seo a chomharrachadh, far a bheil a' toirt prìomhachas do chultar na Gàidhealtachd agus le sin do chultar na Gàidhlig.

Bidh prògraman Gàidhlig a' dol a-mach air rèidio agus telebhisean tron bhliadhna co-cheangailte ri na cuspairean a bhios a' nochdadh mar phàirt de Ghàidhealtachd 2007 agus bidh BBC Alba an làthair aig feadhainn de na tachartasan as cudromaiche.

'S e aon de na rudan a bhios BBC Alba a' craobh- sgaoleadh tron bhliadhna sreath telebhisean air a' chuspair "Cuairtean". Bidh sinn a' coimhead air a' chuspair seo anns an dòigh as fhar-saing a ghabhas airson breithneachadh a dhèanamh air dè dìreach a tha Gàidhealtachd is cultar na Gàidhealtachd a' ciallachadh. Mar sin bidh aon phrògram san t-sreath a' faighneachd ciamar a tha na diofar ghinealaichean a' cleachdadh is a' faireachdainn mu dheidhinn Gàidhlig is cultar na Gàidhealtachd, is ann am prògram eile bidh an òraidiche is neach-ealain Ishbel Mhoireach a' siubhal a Los Angeles is Alasga airson coinneachadh ri daoine a bhios a' sgrìobhadh bhlogs is a' conaltradh ri feadhainn eile air feadh an t-saoghail tron Ghàidhlig. Ann am prògram air turasachd bidh sinn a' faighinn a-mach ann an dòigh an ìre mhath aotram dè

seòrsa rudan a tha a' tarraing luchd-turais dhan Ghàidhealtachd is do na h-eileanan gach bliadhna, is bidh prògraman eile san t-sreath a' dèiligeadh ris a' chuspair "Cuairtean" ann an dòigh nas eachdraidheil, le aon phrògram a' coimhead air turas luchd-ciùil ainmeil don Eilean Sgitheanach, is prògram eile a' coimhead air obair is turas an sgoileir, Alasdair MhicIllehmicheil a chruthaich an Carmina Gadelica, is mar a bha esan a' faicinn cultar na Gàidhealtachd. Bidh na prògraman seo a' dol a-mach sa Mhàrt air BBC 2 Alba.

Bidh mòran prògraman a' dol a-mach air Radio nan Gaaidheal cuideachd a bhios a' comharrachadh Gàidhealtachd 2007 is a' togail air cuspairean is tachartasan na bliadhna. Nam measg bidh prògraman ciùil, mar eisimpleir an consairt a bhios a' dol a-mach aig 7.30f Disathairne an 20mh den Fhaoilleach agus a bhios a' tighinn beò à Tallaichean a' Bhaile ann an Glaschu. Anns a' chonsairt seo bidh measgachadh de cheòl clasaigeach is ceòl Gàidhlig air a' chluich le Symphony Orchestra Albannach a' BhBC is luchd-ciùil is seinneadairean leithid Seumas Greumach, Dòmhnall Shaw, Daimh, Karine Polwart agus Micheal Marra.

Agus bidh cuid de na rudan a bhios BBC Alba a' dèanamh airson Gàidhealtachd 2007 a' gabhail a-steach rèidio, telebhisean is air-loidhne. Bidh seachdainean shònraichte tron bhliadhna far am bi sinn a' coimhead air diofar chuspairean a tha cudromach don Ghàidhealtachd no do chultar na Gàidhealtachd. Aig deireadh an Fhaoillich bidh sinn a' coimhead air "Còmhdhail" le Cunntas a' tighinn bho Caolas Loch Aillse air a' chuspair seo agus Aithris na Maidne is prògraman eile a' dèiligeadh ri seo tron t-seachdain cuideachd. Aig toiseach a' Chèitein bidh BBC Alba a'



Iseabail Mhoireach, Chuck Tripp à Alasga is Annie Cheapa a tha an-sàs ann am prògram a bhios a' toirt sùil air daoine a tha sgrìobhadh "blogs" Ghàidhlig

comharrachadh "Cuairt na Bliadhna", le diofar phrògraman a' coimhead air na ràithean. An uairsin anns an Dàmhair bidh Eòrpa is prògraman eile a' rannsachadh a' chuspair "Inimrich". Mu dheireadh anns an Dùbhlachd bidh seachdain shònraichte aig BBC Alba a' faighneachd. "Dè th'air thoiseach oirnn?", le Cunntas far am bi pannel is

luchd-èisteachd òg a' deasbad co ris a bhios a' Ghàidhealtachd coltach anns na bliadhnaichean ri teachd.

Mar sin tha sinn an dòchas gum bi rudeigin inntinneach is tarraingeach ann dhan h-uile duine a bhios ag èisteachd is a' coimhead ri prògraman BBC Alba thairis air a' bhliadhna shònraichte seo.

An eachdraidh inntinneach air cùlaibh sgeulachd nan rocaidean Uibhisteach

Deich bliadhna fichead air ais, bha am buaireadh bu mhotha anns na h-eileanan mu Mhac a' Bhriuthainn a bhith a' sgar an t-seirbheis caragò à Glaschu suas cho fada ri Steòrnabhagh agus a' cur bhuapa an Loch Carron. Bha Achd nan Croitearan a thàinig gu bith ann an 1976 air easaontachd nach beag adhbhrachadh cuideachd, mòran dheadh a thàinig am bàrr gu follaiseach aig an àm, agus mòran eile a tha taisgte ann am pàipearan a tha, a-nise, rim faicinn anns an Tasglann Nàiseanta ann an Dùn Èideann. Tha iad sin, agus pàipearan eile, a tha air ùr thighean am follais an ceann deich bliadhna fichead, agus leth cheud bliadhna, air na chuir mise a Dhùn Èideann aig fìor dheireadh na bliadhna 'n-uiridh. Cha b' fhada mi nam measg, ged-thà, mus robh e follaiseach dhomh far an robh an stòiridh cheart bho mheadhan nan leth-cheudan dhen linn mu dheireadh.

Cha robh Achd ùr nan croitearan, 1955, ach beagan mhiosan a dh'aois nuair a choinnich a' chiad dheuchainn rithe. Bha dìon na rioghachd na amas os cionn chàich agus an dol-a-mach ann an Suez air eagal a chur air Breatainn agus na Stàitean Aonaichte mu mar a rachadh dhàibh le an càirdean san ear-mheadhanach, agus an nàimhdean nas fhaide an ear. Roghnaich Pàrlamaid Bhreatainn gabhail ri iartras nan Ameireaganach airson Raon Innealan-cogaidh Stiùirichte, no Guided Weapons Range, a bhith am badaigeann ann am Breatainn. San Lùnastal, 1956, chaidh gabhail ri machaire Uibhist a Deas agus Bheinn nam Faoghla mar an àite bu fhreagarraiche air a shon.

Bha aon rud, ged-thà, agus aon rud a-mhàin, a' tighinn eadar miann an Rìaghltais, agus gu seachd h-àraidh miann nan càirdean anns na Stàitean, agus toiseachadh air an ionad dìon bu mhotha a bh'air a thogail ann an sgìre iomallach ann am Breatainn riamh. Agus, b' e sin gu feumte smachd fhaighinn air talamh croite air an togar e. Tha mar a rinneadh sin, agus mar a ghluais poilittigs agus an lagh còmhla gus a thoirt gu buil, a' dòrtadh far na duilleig anns na ceudan de fhaidhlichean, a gheibhear a-nise gu fosgailte ann an Tasglann Nàiseanta na h-Alba ann an Dùn Èideann. Tha feadhainn dhiubh air a bhith fo ghlaic fad deich bliadhna fichead, 's cuid eile airson leth cheud bliadhna, ach tha toiseach bliadhna ùr eile a' toirt cothrom boillsgeadh a chur às ùr air an eachdraidh sin. Ministrealachdan an Adhair agus a' Chogaidh ann an Whitehall, Oifis na h-Alba ann an Lunnainn agus ann an Dùn Èideann, Roinn an Aiteachais, Chùirt an Fhearainn an Alba, agus Ùghdarras nan Croitearan, le Sir Raibeart Urchardan, ùr bho a bhith na thogaire do Bhreatainn ann am Venezuela, anns a' chathair.

Cha robh càil riamh na bu sheallhaiche do dh'amasan an Rìaghltais na gum b' urrainn, ri linn earrann a dhà dheug de Achd nan Croitearan, 1955, fearann a thoirt a-mach à croitearachd airson, chan e a-mhàin nan adhbharan àbhaisteach leithid maith na coimhearsnachd no maith teaghlach, ach airson maith a' phobail agus na rioghachd. Agus, thugadh cumhachd dhan uachdaran sin a mheas dha fhèin. Cha robh, a reir coltais, aig uachdaran ach a ràdh gu robh esan ag iarraidh an

"resumption", airson maith na dùthcha, "in the public interest", an uairsin sin a bhith airson adhbharan reusanta, "reasonable purposes", agus rachadh leis. San dòigh sin, chaidh aig Herman Andreae Anton, fear-lagha ann an Lunnainn aig an robh Oighreachd Uibhist a Deas, agus aig Oighreachd Hamilton and Kinneil, aig an robh cuid de dh'Uibhist a Tuath, còrr 's mìle acaire de mhachaire an Ìochdair agus Ghèirinis a shineadh chun an airm. Math no dona sin, leig Achd nan Croitearan, 1955, leis tachairt agus tha e soilleir gu leòr, bho na mìltean de phàipearan Rìaghltais a th'agann a-nise, gu robh Cùirt an Fhearainn a' dol ga leigeil air adhart, nuair a shuidh iad ann am Baile a' Mhanaich airson trì latha sa Ghiblean, 1957, dìreach leth cheud bliadhna air ais. Bha an Cathraiche, am Morair Gibson, air a bhith na Bhall Parlamaid e fhèin, dha na Làbaraich, agus bha an cead a thug a' Chùirt aige mu mhachaire Uibhist deatamach ann a bhith a' coileanadh dleastanas Bhreatainn agus a' Chogaidh Fhuair aig àrd ìre.

Tha e follaiseach bho na chualar air Aithris na Maidne agus air Prògram Choinnich air an t-seachdain-sa chaidh, gu bheil stòiridh air leth ri a h-innse fhathast mu mar a thàinig na rocaidean a dh'Uibhist, an ìre gu robh poilittigs a' Chogaidh Fhuair aig bunait a' chodhùnaidh sin, agus gu bheil na bliadhnaichean de rannsachadh ri dhèanamh fhathast mus tig a h-uile beachd 's gnìomh a bh' ann am follais. Tormod Dòmhnallach, riochdaire

Rapal air Tbh



Tha am prògram òigridh rèidio "Rapal" air gluasad gu telebhisean. A-nochd (Diardaoin 25mh) chithear ann an dàrna prògram san sreath. Gu h-àirde, tha an seinneadair Ghàidhlig Tormod Maciomhar a' seinn còmhla ris a' chòmhlann "Quest".



Comhairle nan Eilean Siar

A' cur taic ri prionnsabalan Achd na Gàidhlig is obair Bòrd na Gàidhlig



Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a chur an gnìomh air 13mh an Gearran 2006. Fon achd seo, chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh mar a' bhuidheann phoblach ris a bheil e an urra inbhe na Gàidhlig a ghleidheadh mar chànan oifigeil ann an Alba air a bheil an aon mheas 's a tha air Beurla mar-thà. Tha Achd na Gàidhlig a' toirt bun-stèidh oifigeil dhan iomairt gus Gàidhlig a ghleidheadh, agus bidh Bòrd na Gàidhlig ann an co-obrachadh le buidhnean eile a tha a' coileanadh amasan na h-Achd.

Fon Achd, tha uallach air Bòrd na Gàidhlig Plana

Nàiseanta na Gàidhlig a dheasachadh, agus mar sin, dheasaich am Bòrd dreach de Phlana Nàiseanta air 14 Lùnastal, 2006, ag iarraidh air sia buidhnean poblach ann an Alba, sa chiad dol-a-mach co-dhiù, planaichean Gàidhlig a dheasachadh dhaibh fhèin agus an toirt gu buil ann an 2007. 'S e Comhairle nan Eilean Siar aon de na bhuidhnean a chaidh ainmeachadh san dreach seo, còmhla ri Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Earra-Ghàidheil's Bhòid, Pàrlamaid na h-Alba, Riaghaltas na h-Alba agus Iomairt na Gàidhealtachd's nan Eilean (HIE).

Gus taic a thoirt dha na planaichean-cànain seo, tha am Bòrd a' toirt seachad taic-airgid (£1.4 m) dha na buidhnean poblach seo gu lèir, a bhios an uairsin, mar eisimpleir, a' toirt seachad taic-airgid iad fhèin dha pròiseactan sna coimhearsnachdan, fhad 's a tha iad a' cur taic ri amasan an dreach Phlana Nàiseanta.

Thathas ag obair mar-thà air plana cànain dha Comhairle nan Eilean Siar, a bhios stèidhichte air Poileasaidh Gàidhlig na Comhairle aig a' cheart àm, agus a bhios a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar mar àite dà-chànanach, Plana

Cànan nan Eilean Siar, a chaidh fhoillseachadh ann an 2006, dreach Phlana Nàiseanta na Gàidhlig a dheasaich Bòrd na Gàidhlig ann an 2006, agus air stiùireadh a' Bhùird ann a bhith a' deasachadh phlanaichean-cànain. 'S e prìomh amasan a' phlana-cànain seo:

- Gàidhlig a neartachadh mar chànan san teaghlach sna h-Eileanan Siar
- Gàidhlig a neartachadh mar chànan sa choimhearsnachd sna h-Eileanan Siar
- Àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a mheudachadh sna h-Eileanan Siar

Mar sin, tha dùil aig a' Chomhairle taic-airgid a thoirt seachad dha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, cùrsaichean-bogaidh na Gàidhlig, cothroman dha clann a bhith a' bruidhinn Gàidhlig taobh a-muigh na sgoile, seirbheisean eadar-theangachaidh, agus pròiseactan beaga aig gnìomhachasan no sa choimhearsnachd a bhios a' cur taic ri amasan an dreach Phlana Nàiseanta.

Tha riaghailtean ann an Achd na Gàidhlig a tha a' mineachadh mar as urrainn dha Bòrd na Gàidhlig, nuair a thathas a' smaoinichadh gu bheil e freagarrach, iarraidh air

buidhnean poblach plana Gàidhlig a dheasachadh 's a chur an gnìomh. A bharrachd air seo, thathas a' mineachadh mar as urrainn dhan Bhòrd measadh a dhèanamh air an dòigh 's a bheil na buidhnean poblach sin a' coileanadh amasan nam planaichean Gàidhlig aca fhèin.

Tha e coltach gum bi taic-airgid ri fhaighinn cuideachd ann an 2007-08 agus 2008-09 bhon Bhòrd, ach feumaidh am Bòrd am Plana ùrachadh gach còigeamh bliadhna co-dhiù, agus aontachadh fhaighinn bho Mhinistearan na h-Alba mus tèid gach Plana Nàiseanta fhoillseachadh.

Comhairle nan Eilean Siar



OILTHIGH SHRATH CHLUAIDH

A bheil ùidh agaibh ann an teagasg tro mheadhan na Gàidhlig?

Tha àiteachan fhathast rim faotainn air na cùrsaichean iar-cheumnach bunsgoile agus àrdsgoile, PGDE(P) agus PGDE(S), aig Cnoc Iordain.

Ma tha fiosrachadh no foirm iarrais a dhìth oirbh, cuiribh fios gun dàil gu Boyd Robasdan no Lynda Keith mar a leanas:-

Fòn: 0141 950 3445 / 3212

Post Dealain: l.keith@strath.ac.uk
a.g.b.robertson@strath.ac.uk



An Gàidheal Ùr
Orduigh Postachd

Ainm

Soiladh

Breatainn	£20.00 <input type="checkbox"/>
An Roinn-Eòrpa post-adhair	£25.00 <input type="checkbox"/>
Zone 1 post-adhair	£30.00 <input type="checkbox"/>
Zone 2 post-adhair	£35.00 <input type="checkbox"/>

Deànaibh seicean a-mach gu **An Gàidheal Ùr** mas e ur toil e.

Ainm Sgrìobhte

Tillibh seo gu: An Gàidheal Ùr, Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais HS1 2DD

Clann Tuirc

foillsichear sàr leabhraichean

leabhraichean
leabhraichean-latha
leabhraichean sgrìobhaig

www.clanntuirc.co.uk

fios@clanntuirc.co.uk 01877 376 703

SEIRBHEIS
nam MEADHANAN
GÀIDHLIG



Gaelic
Media
Service



IOMADH GUTH, AON AMAS

Ceartas is cothrom do chraoladh Gàidhlig

Sin a tha Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig air a bhith sireadh, le taic o chaochladh bhuidhnean agus o choimhearsnachd na Gàidhlig. Anns na còig bliadhna deug mu dheireadh phàigh an t-Seirbheis son còrr is 2000 uair a thìde de phrògraman – còrr is da thrian de na prògraman Gàidhlig ùra a chaidh a chruthachadh son telebhisean an Alba. Ach chan eil an sin ach eachdraidh. Le sianal digiteach air faire thig piseach as ùr air craoladh Gàidhlig – adhartas air a bheil an sluagh airidh is dligheach.

Chan e seo deireadh na sgeòil ach a toiseach – seirbheis choileanta le Gàidheil, do Ghàidheil, mu Ghàidheil.

SEIRBHEIS
nam MEADHANAN
GÀIDHLIG



Gaelic
Media
Service
Taigh Shìphoirt
Rathad Shìphoirt
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2SD

Fòn: 01851 705550 Facs: 01851 706432
P-dealain: fios@gms.org.uk Làrach-lìn: www.gms.org.uk